



## Stiùireadh airson Tabhartasan Foghlam nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig 2019-20

### Gaelic Early Years Education Grants 2019-20 Funding Guidelines

#### Mu dheidhinn na Maoine

Chaidh sgeama Tabhartasan Foghlam nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig a stèidheachadh airson buidhnean coimhearsnachd a chuideachadh le bhith a' cur phròiseactan an gnìomh a bhios a' cur ri prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig, gu h-àraidh co-cheangailte ris an Dachaigh is na Tràth-bhliadhnaichean.

Tha maoineachadh airson nan tabhartasan seo a' tighinn bhon Mhaoin airson Tràth-thaic do Chloinn, Òigridh is Teaghlaichean agus Ionnsachadh do dh'Inbhich is Cumhachd do Choimhearsnachdan (MTCOT is IICC) aig Riaghaltas na h-Alba.

#### Mu dheidhinn Bòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dleastanas reachdail air gus cleachdad na Gàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chànan air feadh na h-Alba.

'S e aon de na dleastanasan a th' air Bòrd na Gàidhlig, a bhith a' cruthachadh [Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig](#) gach còig bliadhna mar ro-innleachd airson leasachadh a' chànan.

Tha gach sgeama maoineachaidh a tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith stèidhichte air na prìomhachasan a chithear sa Phlana Nàiseanta agus sa Phlana Chorporra aig a' Bhòrd, 's mar sin tha e riatanach gu bheil sibh eòlach orra mus cuir sibh iarrtas maoineachaidh a-steach.

#### About the Fund

The Gaelic Early Years Education Grants were established to help community groups to undertake projects in support of the National Gaelic Language Plan's priorities, particularly those relating to Home and Early Years Education.

The funding for these grants is provided by the Scottish Government's CYPFEIF & ALEC (Children, Young People and Families Early Intervention Fund and Adult Learning and Empowering Communities) Fund.

#### About Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body that was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It has a legislative responsibility for promoting the use and state of the Gaelic language throughout Scotland.

One of the responsibilities of Bòrd na Gàidhlig is to develop a [National Gaelic Language Plan](#) every five years as a strategy for development of the language.

Each funding programme that Bòrd na Gàidhlig manages is based upon the priorities as communicated in this National Plan and the Bòrd's Corporate Plan, and as such it is vital that you are familiar with these documents before you submit a funding application.

## Mu dheidhinn Comann nam Pàrant

’S e buidheann nàiseanta a th’ ann an Comann nam Pàrant a bhios ag obair às leth phàrantan aig a bheil clann ann am foghlam tron Ghàidhlig. Tha a’ bhuidheann ann gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman ann air foghlam tron Ghàidhlig agus gun tèid foghlam tron Ghàidhlig a chumail suas air feadh Alba, agus bidh iad ag obair gu dlùth còmhla ri buidhnean phàrant ionadail.

## Priomhachasan is Slatan-tomhais

Airson Tabhartasan Foghlam nan Tràth-bhliadhnaichean, bidh pròiseactan air am maoineachadh a tha a’ brosnachadh is a’ toirt fàs air ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig am measg theaghlaichean, clann aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus coimhairsnachdan.

Bidh iarrtasan air am measadh a rèir mar a tha iad an dùil na builean seo a choileanadh:

- A’ cur ri inbhe agus ruigsinneachd tachartasan teaghlaich air an ruith gu saor-thoileach anns an roinn 0-3
- A’ cur ris an àireamh chloinne a tha a’ cumail a’ dol le ionnsachadh tron Ghàidhlig aig ìrean eadar-ghluasaid
- A’ cuideachadh barrachd theaghlaichean ann an Alba a bhith mothachail air na buannachdan a thig bho dà-chànanas agus na cothroman a gheibhear le foghlam tron Ghàidhlig
- A’ cuideachadh phàrantan gus am bi eòlas nas fheàrr aca air goireasan agus na cothroman a th’ ann gus taic a chumail is conaltradh a dhèanamh ri an cuid chloinne tron Ghàidhlig san taigh agus sa choimhairsnachd

Tha sinn cuideachd airson gun cuidich buidhnean le bhith a’ coileanadh nan amasan sònraichte a tha air an ainmeachadh sa Phlana Chorporra 2018-23 aig Bòrd na Gàidhlig:

- A’ toirt fàs air cleachdad tron Ghàidhlig;
- A’ toirt fàs air ionnsachadh tron Ghàidhlig; agus
- A’ cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

## About Comann nam Pàrant

Comann nam Pàrant (Nàiseanta) is a national organisation working on behalf of parents of pupils in Gaelic-medium education. It aims to ensure the availability and maintenance of Gaelic-medium education throughout Scotland, working closely with local parents organisations.

## Priorities and Criteria

For our Early Years Education Grants, projects will be funded that encourage and increase the learning and use of Gaelic within families, early years and communities.

Applications will be assessed based on how they intend to achieve the following outcomes:

- Improving the quality and availability of voluntary-led Gaelic family activities in the 0-3 sector
- Increasing the number of children continuing with Gaelic-medium learning at key transition stages
- Helping more families in Scotland become aware of the benefits of bilingualism and the opportunities offered by Gaelic-medium education
- Helping parents become better informed on resources and opportunities to support and interact with their children through Gaelic in homes and communities

We are also looking for groups to generally achieve the aims that are identified in Bòrd na Gàidhlig’s Corporate Plan 2018-23 of:

- Increasing Gaelic usage;
- Increasing the learning of Gaelic; and
- Promoting a positive image of Gaelic

## Riaghailtean airson Phròiseactan

### Clàr-ama a' Phròiseict

Bidh an sgeama a' toirt taic do dh'obair a nì buidhnean eadar 1 Lùnastal 2019 agus 30 Ògmhios 2020.

### Ìrean taic-airgid

'S e £145,000 am buidseat gu lèir airson an sgeama seo. Faodar iarrtas a chur a-steach airson suas ri **£5,000** agus suas ri 80% de chosgaisean a' phròiseict. Faodaidh buidhnean a tha a' tabhann barrachd air trì seiseanan gach seachdain, agus gu h-àraidh an fheadhainn a tha a' tabhann sheirbheisean airson clann aois 2-3 bliadhna, tuilleadh maoineachaidh iarraidh airson cuideachadh le cosgaisean luchd-obrach.

Cha phàigh sinn barrachd air £10 anns an uair airson tuarastalan nan stiùirichean-cluiche aig na buidhnean.

Cha toir sinn taic-airgid do bhuidhnean airson na leanas: a' ceannach biadh agus cuairtean aig nach eil ceangal ris a' Ghàidhlig, pàrtaidhean agus tiодhlacan.

Bu chòir do thagraichean dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith eile de bhuidseat a' phròiseict a' tighinn bho sgeamaichean maoineachaidh eile aig Bòrd na Gàidhlig.

### Aithne don Taic

Airson an sgeama seo, feumaidh sibh a dhèanamh follaiseach (nuair a tha e iomchaidh) gur ann bho Bhòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant a fhuair am pròiseact agaibh maoineachadh.

Anns an iarrtas agaibh, bu chòir dhuibh mìneachadh ciamar a nì sibh sin, me, a' toirt iomradh air an taic nuair a nì sibh margaidheachd air a' phròiseact, a' cleachdadh suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig agus Chomann nam Pàrant ann an stuthan foillsichte.

## Project Requirements

### Project Timeframe

The fund will support groups' operations which will take place and be fully completed between 1 August 2019 and 30 June 2020.

### Funding levels

The total budget allocated to this fund is £145,000. Applications may be made for up to a maximum of **£5,000** and up to 80% of project costs. Groups offering more than three sessions per week, and specifically those groups supporting 2-3 years sessions, can request additional funding to help with costs of employing Gaelic Early Years Staff.

We will not pay more than £10 per hour for play leaders in the groups.

We will not fund the group to provide the following: snacks and trips that are not Gaelic related, parties and gifts.

Applicants must ensure that no other part of the project's budget comes from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes.

### Acknowledgment

For this funding programme, you must acknowledge (where appropriate) that Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant were the sources of funding for your project.

In your application, you must detail how you will achieve this, e.g. acknowledgement in project publicity, use of Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant's logo on printed materials.

## Sgrùdadadh is measadh air a' phròiseact

Bidh aig gach tagraiche soirbheachail ri sgrùdadadh is measadh mionaideach a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact aca a libhrigeadh agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad air sin san aithisg dheireannaich aca.

## Pàrantan Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air a chomharrachadh fon lagh mar Phàrant Corporra ann an Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. Tha sin a' ciallachadh gu bheil dleastanasan reachdail oirnn a dh'fheumas sinn a choileanadh a thaobh a bhith feuchainn ri piseach a thoirt air math nan daoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram agus a bhith cur às do chnapan-starra a tha gu tric ro na daoine sin nuair a thig e gu cothroman. Tha Bòrd na Gàidhlig airson gum bi math dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram air a chur air adhart air feadh nam pròiseactan a tha a' faotainn taic-airgid bhuainn tro na sgeamaichean maoineachaидh againn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaидh air Pàrantan Corporra aig <http://www.corporateparenting.org.uk/> agus gheibhear lethbhreac den Ro-innleachd is Plana Gniomh airson Pàrant Corporra aig Bòrd na Gàidhlig [an seo](#).

Anns an iarrtas agaibh, feumaidh sibh fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad ma tha am pròiseact agaibh a' cur air dòigh tachartasan, cur-seachadan no a' toirt chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

## Project monitoring and evaluation

All successful applicants will be required to carefully monitor and evaluate their project delivery and provide evidence of this in their final report.

## Corporate Parenting

Bòrd na Gàidhlig is legally designated as a Corporate Parent in the Children and Young People (Scotland) Act 2014. This means that we have statutory duties to fulfil with regard to enhancing the wellbeing of care experienced young people and removing barriers to opportunities which this population often faces. Bòrd na Gàidhlig encourage projects funded by us to provide activities designed to promote the interests and wellbeing of care experienced young people. More information on Corporate Parenting can be found at <http://www.corporateparenting.org.uk/> and a copy of Bòrd na Gàidhlig's Corporate Parenting Strategy & Action Plan [can be downloaded here](#).

In your application, you will need to provide further information if your project provides activities or opportunities for care experienced young people

## Iarrtasan

### Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Tha sgeama Tabhartasan Foghlam nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air a dhealbh gus am bi e a' freagairt air buidhnean thràth-bhliadhnaichean saor-thoileach a tha a' toirt taic do phàrantan, teaghlaichean is clann aois 0-5, agus tha e na amas don sgeama cleachdad na Gàidhlig a bhrosnachadh 's a leudachadh, agus daoine a bhrosnachadh gu bhith cur an cuid chloinne gu foghlam Gàidhlig sa bhun-sgoil.

Tha e cudromach gum bi iarrtas sam bith a' dearbhadh gu bheil am pròiseact fosgailte do, agus gu buannachd na coimhlearsnachd air fad.

Cha ghabhar ri iarrtasan bho dhaoine fa leth airson sgeama Tabhartasan Foghlam nan Tràth-bhliadhnaichean.

### Ceann-là airson iarrtasan

Feumaidh iarrtasan a bhith aig Bòrd na Gàidhlig **ro 5f air Dìhaoine 14 Ògmhios 2019.**

Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a thig a-steach às dèidh a' chinn-là sin.

### A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir do thagraichean bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn ma tha ceistean aca mu dheidhinn a' phròiseict aca air 01463 225454 no air post-d gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

An uair sin, bu chòir dhaibh am Foirm-iarrtais a lionadh agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig, cuide ri sgrìobhainnean a bharrachd a tha dhìth.

Bidh aig buidhnean ri sgrìobhainnean cudromach co-cheangailte ri riaghladh na buidhne a thoirt seachad mar phàirt den iarrtas.

Gheibhear liosta ionlan de na sgrìobhainnean a bharrachd a tha dhìth san fhoirm-iarrtais.

## Applications

### Who can apply?

The Gaelic Early Years Education Grants are specifically designed to be as accessible as possible to voluntary early years groups that support parents, families and children aged 0-5 years, to encourage and increase the day-to-day use of Gaelic, and to encourage continuity into Gaelic education.

It is important that any application clearly demonstrates that the project is open to, and for the benefit of the whole community.

The Early Years Education Grants scheme is not open to applications from individuals.

### Closing date for applications

Applications must be submitted to Bòrd na Gàidhlig no later than **5pm on Friday 14<sup>th</sup> June 2019.**

Applications that are submitted after this date will not be considered.

### Submitting an application

Applicants should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if they have any questions about their project on 01463 225454 or via email [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

Thereafter, applicants should complete the Application Form and submit it to Bòrd na Gàidhlig, along with other **necessary supporting documents**.

Organisations will have to supply important documents connected with governance as part of the application.

A full list of the necessary supporting materials is outlined in the application form.

Faodar am foirm-iarrtais a chur a-steach gu:

**Post-d:** [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

**Post:** Bòrd na Gàidhlig  
Taigh a' Ghlinne Mhòir  
Rathad na Leacainn  
Inbhir Nis  
IV3 8NW

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith aig gach tagraiche nuair a tha iad a' cur an iarrtais aca a-steach.

Cuimhnichibh, dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaидh no soilleireachadh air a' phròiseact bhuaibh às dèidh dhuibh iarrtas a chur a-steach.

## Pròiseas measaидh iarrtasan

Gheibh a h-uile tagraiche fios bho Bhòrd na Gàidhlig a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas aca.

Thèid measadh a dhèanamh air gach pròiseact freagarrach san luchar 2019 le pannal le rìochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig is Comann nam Pàrant agus iad a' beachdachadh air na nithean a leanas:

- Mar as urrainn don phròiseact na h-amasan a leanas, a tha air an ainmeachadh sa Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig agus ann am Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig, a choileanadh:
  - A' toirt fàs air cleachdad na Gàidhlig
  - A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
  - A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig
- An seòrsa buidhne a th' ann 's na h-amasan aca
- Luach an airgid a gheibhear bhon taic a thathar a' sireadh
- Comas na buidhne gus am pròiseact 's na h-amasan aca a choileanadh gu soirbheachail

The form can be submitted by:

**E-mail:** [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

**Post:** Bòrd na Gàidhlig  
Great Glen House  
Leachkin Road  
Inverness  
IV3 8NW

It is essential that all applicants have an active UK bank account at the time of applying.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details after the application has been submitted.

## Application review process

All applicants will receive an acknowledgement to confirm that Bòrd na Gàidhlig received their application.

All eligible projects will be assessed in July 2019 by a panel made up of Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant representatives who will look at the following:

- The project's capacity to achieve the aims in the following areas as identified by the National Gaelic Language Plan and Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan:
  - Increasing Gaelic usage
  - Increasing Gaelic learning
  - Promoting a positive image of Gaelic
- The type of organisation and its aims
- The value for money expected from the amount of funding sought
- The organisation's capacity to deliver the project and its target outcomes successfully

Thèid innse do thagraichean mu cho-dhùnaidhean a' phannail san luchar 2019.

## Iarrtasan soirbheachail

Ma thèid gabhail ri iarrtas, thèid litir-tairgse a chur chun an tagraiche. Innsidh sin dè am maoineachadh a thathar a' faighinn (an t-sùim agus an àireamh às a' cheud) agus dè na cumhachan maoineachaидh a th' ann.

Thathar an dùil gun tèid 80% den mhaoineachadh a phàigheadh nuair a thilleas an tagraiche an cùmhant agus nuair a gheibhear dearbhadh air cuin a tha am pròiseact a' tòiseachadh agus am fiosrachadh banca aig an tagraiche. Ma tha sibh air maoineachadh fhaighinn a-cheana, feumaidh sibh aithisgean deireannach a chur thugainn airson nam pròiseactan don d' fhuair sibh taic 's aonta fhaighinn airson nan aithisgean sin mus tèid ur pàigheadh airson an sgeama seo.

Thèid am 20% mu dheireadh a phàigheadh anns an Dùblachd 2019 nuair a gheibhear aithisg adhartais leis a bheil sinn riaraichte, agus fianais air na chaidh a choileanadh. Dh'fhaodadh gun tèid an t-sùim seo a lùghdachadh a rèir dè an teachd-a-steach is dè na cosgaisean a bh' ann aig deireadh a' phòriseict.

## Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun a' mhaoin seo, cuiribh fios gu Bòrd na Gàidhlig aig [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) no cuiribh fòn gu 01463 225454.

Gheibhear fiosrachadh mu [phòbhlaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaидh air-loidhne.](#)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh cuideachd air làrach-lìn [Bòrd na Gàidhlig.](#)

Applicants will be informed of the panel's decisions in July 2019.

## Successful applications

If a funding application is successful, a letter of offer will be sent to the applicant. This will explain the level of funding agreed (amount and percentage) and the conditions that apply.

It is expected that 80% of the award will be paid on the return of the contract along with confirmation of the project start date and the applicant's bank details. Please note that if funding has been received in previous years that final reports for those projects must be submitted and approved before we can make any payment for this scheme.

Payment of the final 20% will be in December 2019 and will be conditional on receiving a satisfactory progress report, along with evidence of what has been achieved. This payment may be reduced depending on need in terms of final income and expenditure.

## More information

For more information about this fund, please contact Bòrd na Gàidhlig at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) or call 01463 225454.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found online.](#)

More information can also be found on the [Bòrd na Gàidhlig](#) website.